



Leasan 14: Boireannach a chaidh a-steach do shìthean

Dòmhnall MacDhòmhnail à Beinn na Fadhla ag innse naidheachd do Chalum MacIllEathain
(Sgoil Eòlais na h-Alba)

Air a chlàradh ann an 1959

Faid: 00:04:12



<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/37055/1>

Tar-sgrìobhadh

Calum Iain MacIllEathain: ...seo a Dhòmhnail a charaid.

Dòmhnall MacDhòmhnail (DM): Uill, bha uaireigin ann a sheo, a Chalum, 's tha mi cinnteach gun robh e co-cheangailte ri iomadach àite cuideachd, bha e air a chantail gun robh a leithid a rud agus sìthichean ann. Ach ma tha iad ann chun an latha an-diugh, chan fhiosrach dhòmhsa. Cha chreid mi gun cluinn mi duine a tha gam faicinn no gam faireachdainn. Ach co-dhiù, chuala mi gun robh a leithid seo a boireannach ann. Dh'fhalbh i agus dh'fhàg i clann bheag a-staigh, agus chaidh i a shealltainn às dèidh a' chruidh.

Uill, thàinig an duine seo oirre, agus thachair i a' tighinn rathad an t-sìthein e. 'S e sìthean far am biodh na sìthichean a' fuireach. Agus thàinig i an rathad aige agus fhuair i, seadh, fiathachadh a dhol a-staigh, an lùib an fheadhainn a bha a-staigh, agus seadh, bha an oidhche dorcha 's bha e doirbh dhi tilleadh air ais. Agus niste, an làrna-mhàireach cha robh e furasta dhi faighinn a-mach, a rèir mar a bha an naidheachd air a h-innse, ach thuir iad rithe gum faigheadh i air falbh nuair a dh'fhuineadh i - dhèanadh i aran - a dh'fhuineadh i na bha de mhine anns a' chistidh mhòir a bh' ann an oisean an t-sìthein. Agus nuair a bhiodh sin deiseil aice, gum faigheadh i a-mach.

Uill, theann am boireannach bochd, tha e coltach, theann i air fuine, ach thuirteadh rithe nuair a theann i nach robh math dhi gearradh dhen fhallaid... an fhallaid a chur air ais dhan chistidh, ach gum feumadh i a chumail ann an àite dha fhèin.

Uill, bha am boireannach a' fuine 's a' fuine, a h-uile latha. 'S latha mar a bha a' dol seachad 's i a' sìor fuine cha robh a' chiste a' dol dad na bu lugha. Bha a' chiste, an aon uiread mhine innte nuair a theannadh i a-rithist agus a bh' innte nuair a dh'fhàg i bhuaipe mu dheireadh i.

Ach an latha a bh' ann a sheo, cha robh a-staigh ach i fhèin agus fear dhe na seann sìthichean, tha mi cinnteach fear cho sean 's nach dèanadh feum a-muigh. Bha e a-staigh. Agus thuir e rithe: "Tha mi cinnteach," ars esan, "a bhean, gu bheil e a' cur mòran iongnadh ort," ars esan, "nach eil a' chiste a' dol an lughad?"

“O tha,” ars ise.

“Uill, uair sam bith tuilleadh a bhios tu a’ fuine, cuiridh tu,” ars esan, “an fhallaid air ais dhan chistidh, am measg a’ chòrr dhen mhin.”

Seo mar a bha. Theann am boireannach air fuine, cumail a’ dol, ’s i a’ tilleadh na fallaid air ais dhan chistidh an lùib na mine. Theann a’ mhin a’ dol sìos. Ach an latha a bh’ ann a sheo, bha a’ chiste gu bhith falamh. Theirig na bh’ innte a mhin.

Thuir i an uair sin ris an fheadhainn a bha a’ gabhail, seadh, mar gum biodh ceannard air an t-sìthean: “Tha,” ars i siud, “ceann m’ aimsir,” ars ise, “thairis. Theirig a’ mhin,” ars ise.

“An do theirig?” ars am fear seo.

“Theirig.”

“O gu dearbh,” ars esan, “chan ann gun fhios a bhith oirre. Sheall e ma-thà, thachair sin,” ars esan. “Ach ma thàinig ceann do thim-sa,” ars esan, “thàinig crìoch do bheatha-sa,” ris ’s e a’ tionndadh ris a’ bhodach. “Fhuair am boireannach a-mach bhuat.”

Ach a rèir choltais, chuala mi gum faodadh gun do chuireadh crìoch air an fhear a thug comhairle dhi. Agus nuair a thill i dhachaigh, a rèir choltais, bha a’ chlann bheag a dh’fhàg i a-staigh an oidhche a dh’fhalbh i às dèidh a’ chruidh, bha a’ chlann bheag a dh’fhàg i a-staigh nan athraichean, agus ’s dòcha feadhainn aca nan seanairean, ’s cha robh i fhèin dad na bu shine na bha i an oidhche a dh’fhàg i an taigh.

Bheil sibh a-nist a’ creidsinn sin? Siud mar a chuala mise a-nist e, a Chaluim.

CM: Tha sin iongantach gu leòr a Dhòmhnail. Tha i sin math a-niste.